



An Comunn Gaidhealach.



Le deagh dhùrachd dhoibhsan a tha a' dìon ar dùthcha cho curanta.

(Chaidh an litir so a sgrìobhadh am mìos na Dùbhlachd, 1939)

LITIR O'N TIGH.

A Sheòladairean agus a Shaighdearan Gaidhealach.

Tha sinne a tha aig an tigh ag cur ceud beannachd thugaibh-se a tha air falbh a' dìon na rioghachd agus a' seasamh ar n-àite-ne. Is lionmhor ceàrn sam bheil sibh air muir agus air tìr, cuid agaibh daonnan an cunnart agus ri aghaidh cruadail, agus sibh uile a' fulang iomadach uair fuachd is ann-rath. Ach bu mhaith leinn fios a bhi agaibh nach 'eil sin idir gun fhios agus gun thaireachdainn dhuinne. Is tric ag cuimhneachadh oirbh sinn. Nuair as lugha shaoileas sinn gheibh sinn sinn-fhèin a' deanamh deilbh dhuinn air bhur suidheachadh, co-dhiùbh tha sibh air druim na fairge, air bhur luasgadh a null 'sa nall san oidheche dhorch dhoinnnaich Gheamhraidh, no gu bog fhuich fuar sna claisean-cogaidh san Fhraing am measg puill is eabair. Agus air uaireanan eile bidh sinn a' deanamh deilbh dhuinn fhein oirbh agus sibh air bheag ghréidhidh a' dìon cladaichean is còraichean ar tìr fhéin. Tha ar n-aire agus ar n-aighe oirbh gu bitheanta. Agus ged tha na h-àitean agus na suidhichean sam bheil sibh eadar-dhealaichte, tha sibh uile, gach gin agaibh, ag gleidheadh na rioghachd, agus 'nur balla-dion eadar sinne a tha aig an tigh agus na Gearmailtich ar dearg naimh-dean. Dheanadh iad-san, nam b'urrainn iad, agus mur b'e sibh-se, an dearbh chleas oirnn agus a rinn iad air Pòland agus air Czecho-Slovakia agus air Oustria. Cha bhiodh dachaidh no dad eile dh' ainmicheadh a riamh oirnn againn, agus cha bhiodh saorsa no sonas againn mar shluagh agus mar chinneach. Cha bhiodh ceartas no fireantachd no idir naomhachd san tìr na's mò.

Tha sibh-se a nis, ma tha, mar a bha na

Gaidheil a riamh 'nan eachdraidh, deònach air cruadal fhuilang agus seasamh eadhon gu bàs, chum is gum bi sinne is sibh-fhéin agus an dùthaich uile, agus dùthchannan eile mar an ceudna, saor o chuing an nàmhaid agus o'n truaillachd eagallach a tha an luib nàmhaid cho mi-chneasda is cho brùideil ris a' Ghearmailteach an diugh, co-dhiùbh riu-san a tha riaghladh na Gearmailte an diugh. Tha sibh a' seasamh an aghaidh geur-leanmhuinn is euceartan air sluagh lag, geur-leanmhuinn is fòir-éiginn a tha sgreataidh ri eisdeachd ris; tha sibh ag cur bacaidh air làmhachas-làidir agus air ain-diadhachd a tha oillteil r'a luaidh; tha sibh ann am Freasadal Dhé air bhur gairm chum firinn is ceartas a steidheachadh a rithist am measg dhaoine, agus sìth aiseag do'n domhain uile.

'Se gairm àrd agus obair ion-mholta tha an so; agus tha uail oirne gum buin sibh dhuinn agus gum bheil ceangal daingeann againn ribh, agus tha e 'na riarachadh air leth dhuinn gum bheil cothrom againn mar so' air cur an céill dhuibh cho luachmhor 's a tha bhur saothair is bhur cruadal againn, agus cho mùirneach 's a tha sibh fhéin aig bhur co-luchd-dùthcha aig an tigh.

Bithidh sibh-se, dìreach mar a bha cuid againne agus sinn san aon suidheachadh ribh o chionn còrr is fichead bliadhna air ais, ag cuimhneachadh oirne aig an tigh, agus air mar a tha sinn ag cur seachad a' Gheamhraidh. Bithidh bhur n-inntinn gu maith tric a' deanamh dealbh dhi-fhein oirne agus air na h-àiteachan agus na cleachdaidhean air an robh sibh eòlach. Bithidh sibh ag cuimhneachadh air gach obair a bha ri dheanamh timchioll an tìghe, air an spréidh agus air obair coimhears-

nachd, agus air nuair a chruinnichear a steach do'n tigh chéilidh an deidh obair an latha, agus na càirdean a bhios cruinn am, sean is òg—Dia 'gan gleidheadh o bhrùidealachd is mhìstiùrachd a' Ghearmailtich ghràinde. Bithidh sibh ag cuimhneachadh air na naidheachdan agus na seanchasan ris an robh sibh iomadh là is oidhche ag éisdeachd agus sibh 'nur balaich, ri ám a' Chogaidh Mhóir; bithidh sibh ag cuimhneachadh air cho mór 's a bha sibh as a' chliù a choisinn na Gaidheil an uair sin, ged b' òg sibh; agus an uair a bhiodh 'nur cridhe nuair a chluinneadh sibh aig càch cho dìleas is cho seasmhach 's a bha na Gaidheil an ám cruadail, agus a' bhuaidh a thug iad a mach. Bithidh sibh ag cuimhneachadh air an dachaidh, agus air an dealbh a rinn am Bàrd air mar a bhithte innte air an oidhche Gheamhraidh, agus bithidh an dealbh gu maith soilleir fa chomhair bhur sùl far am bheil sibh:

Air feasgar a' Gheamhraidh theid tionndadh gu gnìomh,
 Ri toirt eòlais do'n chloinn bidh gach seann duine liath;
 Gach iasgair le shnàthaid ag càradh a lìon,
 Gach nighean ri càrdadh 's a màthair ri snìomh.

Agus bithidh sibh ag cuimhneachadh air roimh ám dol a laighe, an deidh na suipearach, mar a bha an t-aoradh air a ghabhail agus buidheachas air a thabhairt agus beannachd Dhé air iarraidh air an dachaidh agus air na bhuineadh dhi.

Tha a h-uile nì mar sin, ma tha, a' dol air adhart aig an tigh an dràsda air an aon dòigh; agus tha beannachd is gleidheadh Dhé air a ghuidhe oirbhse far am bheil sibh. Bidh Sàlm an t-saighdeir, an aona Sàlm deug ar chelthir fichead, gu tric air a leughadh ann a bhi cuairteachadh an aoraidh, agus na rainn so dhi air an aithris le aithne agus le dòchas:

Le 'iteich nì e d' fhòlach fòs,
 bidh d' earbsa fo a sgéith;
 Is fhìrinn bidh 'na targaid dhuit,
 mar sgéith do d' dhìon gach ré.

Bidh mìle tuiteam sìos ri d' thaobh,
 deich mìle fòs ri d' dheis;
 Ach ole dhiubh sud cha tig ad chòir,
 no 'm fagas duit am feasd.

Bidh oidhche eile, Sàlm an t-seòladair

air a seinn, an 107mh, agus bithear ag cuimhneachadh oirbhse nuair a sheinnear na rainn so:

Luchd-luingeis theid air muir, 's a bhlos
 ri gnìomh an uisgibh buan;
 Dhoibh sud is léir mór oibre Dhé
 's a mhiorbhuilean 's a' chuan.

Ghlaoth iad ri Dia 'nan téinn; is shaor
 e iad o'n trioblaid ghéir;
 Ghrad chuireadh leis an stoirm gu féith
 's na tuinn 'nan tàmh gu léir.

Tha mi a' sgrìobhadh agus ag innse so dhuibh chum is gum bi e 'na mhisneach agus 'na neart dhuibh. Bithidh e ann an sin, tha fhios gum bi, is maith tha cuimhne agaibh air a h-uile nì dh' ainmich mi.

Aon rud eile. Is ann goirid roimh an Nollaig a ruigeas an litir so sibh, agus bithidh sinne aig an tigh gu sonraichte ag guidhe dhuibh aig ám na Nollaige na beannachdan agus na buadhan móra tha an Latha nìomh so a' samhachadh—sìth agus deaghghean do dhaoine 'nur cridhe féin; saorsa shiorruidh bho chumhachd nàmhaid anama dhaoine; agus gràdh do-labhairt Dhé air fhoillseachadh agus air a thairgse do'n t-saoghal. Ma bhios na tìodhlacan agus na buadhan so agaibh—agus bithidh maille ri Crìosd—bithidh an neart agus a ghaige a nochd esan air am foillseachadh annaibh-se; agus ge b'e nì a thachras dhuibhse no dhuinne, bidh aobhneas na Nollaige agaibh, ge b'e àite am bì sibh.

Thainig seann rann gu mo chuimhne bho thòisich mi air sgrìobhadh na litreach so, agus seach gu bheil e cho freagarrach do neach a tha sa' chogadh, is fheàrr dhomh an litir a cho-dhùnadh leis:

Aoram thu, Aobhair mo bhith,
 Siream thu, Chuspair mo bheath',
 Molam do dheanadas math,
 Guidheam do dhìon sa' chath.

Leis an sin, ma tha, tha na càirdean ag cur ceud beannachd thugaibh, tha agus na h-eòlaich agus na Gaidheal uile gu léir.

Le mór spéis agus le deagh dhùrachd,
 Is mise,

An ainm nan Gaidheal aig an tigh,
 AN CEANN SUIDHE.

TAIGH A' GHLINNE.

Thug mi sgrìob latha breagha o chionn ghoirid a mach gu Taigh a' Ghlinne far am bheil Calum Mór, an tuathanach, ag gabhail còmhuidh. Bha Calum fhéin 'na shuidhe aig an dorus an uair a rànaig mi agus coltas air a bhi a' leigeil analach.

"Maduinn mhath dhuit, a Chaluum," arsa mise. "Maduinn mhath dhuit-sa," fhreagair e, "agus fáilte romhad. Is fhada o nach fhaca mi thu."

"Tha cùl gaoithe is aghaidh gréine agad an so," arsa mise. "O, tha," arsa esan, "ach cha mhair e fada; tha móran agam ri dhéanamh, agus chan urrainn mi fuir-each."

"Seadh," arsa mise, "cìod a tha sibh ag cur ris an dràsda?"

"Is iomadh rud sin. Nach tig thu cuairt leam troimh an ghleann agus chì thu air do shon fhéin?"

Dh'fhalbh sinn le chéile agus cha b' fhada gus am faca mi gille òg, tapaidh a' tighinn 'na dheann le paidhir each. Ann am beagan mhionaidean chuir e fodha iad agus bhuail e air iomair mór, glas a threabhadh.

"Tha d' obair latha air a cur a mach dhuit-sa co-dhiubh," arsa mise rium fhéin.

Ghabh sinn romhainn. Bha gach duine mu'n cuairt agus obair fhéin air a cur a mach dha. Bha feadhainn a' treabhadh feadhainn ag cur sil, feadhainn ag cliathadh agus feadhainn ag cur a' bhuntàta. Chunn-aic sinn an cìobar a' falbh gu cùin, seòlta; faicilleach am measg nan caorach is nan uan òga a bha a nis a' fàs na bu lionmhoire a h-uile latha.

"Tha gach ni an so," arsa mise, "cho trang ris an t-seangan."

"O, tha," fhreagair Calum. "Chan fhuirich sruth ri bàta is chan fhuirich latha ri rìgh; tha an t-Earrach air teachd agus feumar cabhag a dhéanamh."

"Is glòrmhor an t-àm de'n bhliadhna an t-Earrach," arsa mise.

"Seadh, gun amharus," fhreagair esan. "Nach éisd thu ri ceilearadh nan eun anns na craobhan ud shuas? Tha an ceòl gach maduinn ag cumail 'n am chuimhne gu'm bu cheart dhomhsa cuideachd cliù a thabhairt, mar tha iadsan a' déanamh, do'n Tì a tha 'g am chumail beò."

"Tha sin ceart," arsa mise. "Is iomadh leasan a dh' ionnsaichheadh duine glic bho na seallaidhean bòidheach a tha mu'n cuairt dha air gach taobh anns an dùthaich."

Bha sinn a nis a' dlùthachadh air an taigh an déidh ar cuairt a chrìochnachadh. An uair a ràinig sinn, thàinig caileag lagbach a mach às a' bhàthaich le cuman bainne aice 'na làimh.

"A Mhàiri," arsa Calum, "nach toir thu deoch do'n choigreach? Chan 'eil fhios nach 'eil am pathadh mór air."

"Is mise ni sin," arsa Màiri, is i a' ruith a steach do'n taigh. Thàinig i a mach ann an tiota le gloinne 'na làimh agus fhuair mise deoch bhainne cho milis, blasda is a fhuair mi riamh.

"Gu robh math agad, a chaileag," arsa mise. "Bha am bainne ciatach."

"Is e bhuir beatha, a dhuin-uasail," fhreagair i gu cùin, modhail agus dh'fhalbh i air ais do'n taigh.

Bha a nis an latha a' dol seachad agus bha an t-àm a' tarruing fagus dhomh m' aghaidh a chur air an dachaidh, agus mar sin thubhairt mi ri Calum, "chan 'eil mi sgìth de'n chuideachd, a Chaluum, ach is fheudar dhomh a bhi a' falbh."

"Cìod i do chabhadh?" arsa esan, "nach fhuirich thu gus am màireach agus gabhaidh sinn cuairt mhath eile a mach ris a' mhonadh?"

"O, feumaidh mi a bhi aig m' obair anns a' mhaduinn," arsa mise, "ach a' cheud latha saorsa bhios agam thig mi g' ur namharc do'n ghleann."

"Agus bithidh fáilte romhad, a dhuine chòir," fhreagair e. "Chan ann a h-uile latha bhios Mòd aig Mac an Tòisich. Chan ann a h-uile latha a thig duin-uasal a sheall-tainn air Calum Tuathanach."

"Coma leat de'n uaisleachd an dràsda," arsa mise is mi a' falbh. "Latha math leat, a Chaluum!"

"Latha math leat gu dearbh," arsa esan, "agus gu 'n éireadh gu math leat," agus mar sin dhealaich mi fhéin agus Calum.

AM BUACHAILLE.

Ann "An Deò Gréine," Vol. VI.

AM BADAN FRAOICH.

Rinneadh na rainn so le Niall MacLeoid mar fhreagairt do Iain Caimbeul, à Leideig, air dha badan fraoich, neoinean, agus sòbhrach a chur thuige do Dhùn - Eideann.

Ceud fàilte ort fhéin, a bhadain fhraoich,
Bho thír nan aonach àrd—
An tìr a dh'àraich iomadh laoch,
Ge sgaoilte an diugh an àl.
Tha snuadh mo dhùthcha air do ghruaig,
Seasaidh tu fuachd is blàths;
'Se mheudaich dhomh cho mór do luach
Gun d'fhuair mi thu bho'n bhàrd.

Is thusa, a neòinein bhig gun ghò,
Cho bòidheach, bileach, tlàth,
Ge duilich leam thu bhi cho òg
Air t' fhògradh fad bho chàch;
Tha eagal orm gun searg do ghruaidh,
'S nach bi thu buan no slàn;
Ach gheibh thu càirdeas, bàidh is truas,
O'n fhuair mi thu bho'n bhàrd.

Is a shòbhrach fhinealta nam bruach,
Bu tric a bhuaibh mo làmh,
'Nuair bha mi aotrom òg gun ghruaim
Ag cluaineis mu na blàir—
Is ann leam is ait do theachd air chuairt
Cho luath bho thír mo ghràidh,
'S ni mise t' altrum suas le uaill,
O'n fhuair mi thu bho'n bhàrd.

Is mar a thachair dhuibh 'nur trì
Bhur tìr a chall cho tràth,
'S bhur sgaradh bho'n chaomh chomunn ghrinn
Bha leibh bho là gu là,
Sin mar a thachair dhomhsa fhéin,
Ach 's éiginn géilleadh dha:
Bhi caoidh na dh' fhàg sinn as ar déidh,
Cha dèan e feum no stàth.

Gun robh gach lus as àirde cliù
'S an Leideig chiùin a' fàs;
Fo dhealt an drùchd biodh dreach an gnùis
'Na lòn do shùil a' bhàird;
Biodh gaoth nam beann is gàir nan allt,
Le'n crònan fann gun tàmh,
Mar cheòl 'na chluais 'ga dhùsgadh suas
A dhèanamh dhan is dhàn!

Le cead MhicLabhrainn 's a Mhic.

